AN COMH-THREORAICHE,

LEABHRAN SGOIL
A CHUR FEUM NA GAIDHLIG.

PB
1525
M252

MacFarlane, Malcolm



AN COMH-THREÒRAICHE, [leabhran sgoil a chum feum na cloinne]

LE

(CALUM MAC PHARLAIN)

546101
11.7.52

[Stirling]

[A. MacAoidh (E. Mac Kay)]

[1912]



COILEACH IS CEARC.

PB
1525
M252

COMHARRAIDHEAN CAINNT SGRÌOBHTE

1. Comharraidhean nan litrichean.

Iteag chlì	Iteag dheas
à; ò, ù; è, ì.	é; ó.

2. Comharraidhean nam facal.

Ciabhag	Snaimean	Iteag na trom-lide
c' aite, 'nad, b'e	mi-churam, tigh-sgoil.	mi-chur'-am tigh-sgoil'.

3. Comharraidhean nan ràdh.

Dad	Dad fo bhachlaig	Dad fo ghath
.	?	!
Dad fo dhad	Camag	Camag fo dhad
:	,	;
Slat	Crò crom	Crò uilinneach
—	( )	[ ]
Ciabhagan nam briathran aithriste		Ciabhagan nam briathran ath-aithriste
" "		' '

aosda	gasda	asda	gleusda	Gallda
tana	meala	cala	màla	eala
matha	motha	fodha	rubha	bogha
orra	umpa	bhuapa	leatha	annta
saorsa	daorsa	ormsa	dòmhsa	leamsa
dona	sona	cleòca	calma	chuca
caora	docha	dòcha	gunna	rompa
latha	earba	calpa	snodha	seòrsa
cheana	ceana	(muir) mara	dara	(mil) meala

Am fèarr bogha na gunna? Cha'n fhèarr. Ach rinn am bogha feum mu 'n robh an gunna ann. Thoir an gunna sin bhuapa mu'n dean iad cron leis.

Chì mi am bàta thall aig an rubha. Cuir ort do chleòca agus rach sìos chun a' chala. Thoir leat an ròpa so agus fàg anns a' bhàta e. Chì thu i air an tràigh faisg air gob an rubha.

An leatsa a' chaora mhaol? Cha leamsa i. Is dòcha gur leis an fhear Ghallda i. Tha i de sheòrsa math. Is i so an dara té de a seòrsa a thug am fear Gallda do'n chrìch so.

Am faca tu riamh eala air sgéith? Cha 'n fhaca. Am faca tusa, a Shìne. Cha'n fhaca, na 's mò. Chaidh an eala a chì thu anns a' chala suas an loch an raoir agus thill i air sgéith moch an diugh.

Thoir dhòmhsa am poca sin gus an cuir mi sìol eòrna ann. Tha dà phoca làn agad cheana. Ceana tha thu a' dol leis? Tha mi a' dol do 'n tigh-òsda leis.

Am bheil pòca air do chòta? Tha dà phòca air. Am bheil dad annta? Cha 'n eil: thug mi na bha annta asda agus chuir mi anns a' mhàla bhig e.

Tha Mór na 's motha na Rob. Ach tha Mór na 's lugha na Una. Có is motha an t-each no a' bhó? An t-each tha mi a' meas. Nach tana a' bhó mhaol!

Is toigh leam a bhi air tìr; ach is docha leam a bhi air muir. Is toigh leam gàir na mara, agus na tuinn a' teachd gu tràigh. Am faca tu na's calma na na fir a théid air muir?

Theich na fir bheaga, agus dh' fhan na fir mhóra. Tha am fear dubh cho crosda ris an dris. Tha am fear aosda cho ciùin 's a tha am fear òg dalma.

Tha na fir òga a' cur rompa falbh an diugh. Am bheil Iain beag a' dol còmhla riu? Cuin a tha iad a' brath falbh? Mu leth uair an déidh cóig. Thig Iain air ais an ceann latha no dhà. C'ar s n nach eil iad a' toirt Phara bhig leo? O, tha esan air falbh cheana. Gheibh iad aig a' chala e

ùine	eile	céile	caile	buaile
bainne	buille	maille	gille	oirnne
céile	léine	dìle	deise	maise
daoire	saoire	chuige	chuice	duine
uile	teine	rithe	doire	trice
glice	ìsle	dìlse	aice	uimpe
deirge	doirbhe	soirbhe	sgìre	slàinte
sine	oirre	faire	bile	slighe
buidhe	suidhe	laighe	tighe	muidhe

Am bheil am bainne sin blàth? Tha. Am bi thu cho math agus deur beag a thoirt domh? Gheibh thu sin. Gu'n robh math agad. An gabh thu deur eile.

Bha Mór ùine mhór aig a' bhuaile. Bha Sìne bheag maille rithe fad na h-ùine. Bha a cleòca uimpe. Dh' fhàg mise iad 'nan suidhe fo'n chreig bhuidhe.

Am faca tu gille beag aig cùl an tighe mu'n deach thu a laighe an raoir? Cha'n fhaca mise gille no caile. Ach thug mi an aire gu'n robh duine air an t-slighe an taobh so de'n doire.

Is aithne do 'n chù a choire féin.
Is e sin cridhe na circe an gob na h-airce.
Fada bho 'n t-sùil, fada bho 'n chridhe.

Thig a nìos. a Pheigi. An cuir mise a deise ùr oirre? Cuir. Tha maise 'na gnùis agus deirge 'na gruaidh, agus, rud is fèarr, tha deagh shlàinte aice. Am bheil dad eile agad ri ràdh uimpe?

Tha an t-slighe troimh an doire garbh. Cha'n eil na's gairbhe anns an sgìre. Is fada o nach d'thug duine ceum oirre. Thoir an aire nach tuit sibh le chéile thar bile na creige.

Có is dìlse do 'n duine, an cat no an cù? An cù; agus is e is glioca mar an ceudna. Tha fuath aca do chach a chéile. C' àite 'm bheil an cù? Tha e 'na laighe aig cùl a' bhalla. Cha leig an cat faisg air an teine e. Is e an cat is buirbe.

Cluinn gàir na mara! Is math nach eil bàta air a' mhuir an diugh. Cha'n fhada bhiodh i gun dol fodha. Tha gach bàta dhiubh anns a' chala, agus cuid diubh 'nan laighe beul fodhpa air an tràigh. Cha sona dhaibh-san a tha air an fhairge an tràths. Cha 'n fhaca mi an t-sìd cho doirbh o cheann fada.

Bheir na daoine beaga rud as an speur cho luath ris na daoine móra.

A' bheinn is àirde tha 'san tìr, is ann oirre is trice ceò.

macan, macain	caman, camain
aran, arain	cuman, cumain
móran, mórain	toman, tomain
lagan, lagain	clachan, clachain
crònan, crònain	crochan, crochain
caochan, caochain	meuran, meurain
bradan, bradain	dealan, dealain
cnocan, cnocain	breacan, brèacain
fasan, fasain	croman, cromain
radan, radain	fuaran, fuarain
bioran, biorain	òran, òrain
balbhan, balbhain	beagan, beagain
taoman, taomain	dubhan, dubhain
furan, furain	sruthan, sruthain
corran, corrain	tacan, tacain
copan, copain	gearan, gearain
laochan, laochain	daonnan

Tha am macan air cùl an tomain aig bruaich an fhuarain. Dh' fhàg e a chaman 'na laighe fo'n phreas. Có am preas? Am preas a chì thu thall air a' chnocan ghorm ud.

Tha'n latha ann. Cuir ort do bhreacan. Fan tacan gus am faigh mi crioman arain. Tha aran gu leòr agad. Ni am beagan feum. C' àite am miann leat dol? Tha mi dol gu ruig an clachan, gu tigh Phara Ruaidh.

Tha móran éisg anns an alltan. Bha bradan ann o cheann tacain. Na'm biodh agam slat, cha b' fhada 'san allt e. Ciod è am math a bhiodh an slait agus gun dubhan agad ?

Dean furan ris a' bhalbhan. Tha e daonnan air an fhalbhan. Cha chuala tu riamh a' gearan e ! Thoir dhà cuach bhrochain agus cuir bainne gu leòr ann.

Cuir bhuaibh bhur bata agus teann a nall ri blàths an teine. Dean thu féin aig an tigh, agus gabh biadh. Tha e ag ràdh 'na dhòigh féin gu'm bheil e móran 'nur comain.

Tha an cat ri crònan. Coma leatsa crònan a' chait. Is ann chum a leas fein daonnan a ni an cat crònan. Na fàg am bainne far am faigh an cat e. Thoir dhà am beagan a tha anns a' chopan so.

Am faca tu an taoman ? Cha 'n fhaca. Nach eil e anns a' bhàta ? Cha 'n eil. Tha e daonnan air chall. Gabh copan 'na àite gus am faigh thu e. Cha 'n fhaod sinn falbh gun taoman againn.

Cuir bhuait an slacan sin agus na bi ri cron leis. Cha robh mi ri cron leis : spad mi radan mór leis. Tha fear eile fo 'n mhulan so. Sud am mach e : thoir buille dha ! Is math a rinn thu, laochain.

cromag, cromaig, cromagan
feannag, feannaig, feannagan
lèabag, lèabaig, lèabagan
òrdag, òrdaig, òrdagan
tunnag, tunnaig, tunnagan
reannag, reannaig, reannagan
gucag, gucaig, gucagan
deannag, deannaig, deannagan
Mórag, Móraig
duanag, duanaig, duanagan,
drùdhag, drùdhaig, drùdhagan
slatag, slataig, slatagan
biodag, biodaig, biodagan
crannag, crannaig, crannagan
seabhag, seabhaig, seabhagan
camag, camaig, camagan
cluasag, cluasaig, cluasagan
Beathag, Beathaig.

Thoir dhomh greim air do chromaig. Cha 'n eil feum anns an t-slataig so. An do ghèarr thu a bhàrr na craoibhe i ? Ghèarr, agus ghèarr mi m' òrdag le mo bhiodaig. Gèarr dhòmhsa an t-slatag ud : an té leis na gucagan oirre.

Nach binn guth Móraig ! Sheinn i a duanag gu sàr-mhath. Tha fonn binn air an duanaig a sheinn i. Is milis duanagan ar dùthcha.

Cha 'n eil na's binne na iad anns an tìr air fad nuair bhios iad air an deagh sheinn.

Am bheil drùdhag fìon agad : tha Beathag tinn ? Ciod è a tha oirre ? Thainig laigse oirre. Ol sin, a Bheathag ; agus, an sin, leig do cheann air do chluasaig. Leig tàmh dhith, agus bidh i na's fèarr an ceann tiotain.

Ciod è a tha bhuait ? Min. Gheibh thu deannag anns a' phoca bheag ud. C' àite 'm bheil am poca ? Thall anns a' chùil ud. Tha thu cho dall ris an dallaig. Tha mi cho dall is nach léir dhomh an rud nach eil ann.

Seall an ruadhag anns an doire ! An tilg mi oirre ? Na tilg ; ach stuig Guanag rithe. Nach grinn mar a leum i an t-alltan. Chuir i sgaoim fo na tunnagan a bha snàmh air an lochan.

An robh thu aig taobh an locha ? Bha. Ciod è a bha thu ris ? Bha mi ris na lèabagan. An d' fhuair thu a bheag? Fhuair, agus sìolagan a bhàrr.

Tha feannag an sud air bàrr a' chroinn àird ud. Cha'n e feannag a tha ann ach seabhag. Tha fios aig na h-eòin bheaga gu'm bheil i an sud ; agus is e sin a dh' fhàg cho bìth iad.

cuilean, cuilein, cuileinean
cluigean, cluigein, cluigeinean
builgean, builgein, builgeinean
binnean, binnein, binneinean
smùirnean, smùirnein, smùirneinean
crùisgean, crùisgein, crùisgeinean
caimean, caimein, caimeinean
smuairean, smuairein
Ailean, Ailein
bidean, bidein, bideinean
seillean, seillein, seilleinean
innean, innein, inneinean
leisgean, leisgein, leisgeinean
dìdean, dìdein, dìdeinean
neòinean, neòinein, neòineinean
dìthean, dìthein, dìtheinean
càirean, càirein, càireinean
Cailean, Cailein.

Tha builgean air cùl mo dhùirn. Is math nach eil e air bàrr do shròine. Tha smùirnean an sùil Ailein, agus tha Cailean 'ga thoirt aisde.

Àm faca tu na cluigeinean òir a tha an cluasan Beathaig? Cha'n eil cluigeinean cluaise anns an fhasan aig an àm so. Cha do chuir Mórag no Sìne cluigeinean 'nan cluasan-san. Is fasan leis na daoine dubha bhi 'gan cur an dà chuid 'sa chluais agus 'san t-sròin.

Nach e an leisgean Cailean! Cha las e an crùisgean. B' fhèarr leis a bhi ri mireig leis a' chuilean. Am faca tu mar a bha an cuilean a' sealg nan seillean an dé? Ruag e iad bho dhìthean gu dìthean gus an robh e sgìth.

Is math an t-sìd a tha ann a nis. Tha e blàth, ged tha beagan de shneachd air bideinean nam beann. Tha an lèanag breac le nèoineinean.

Eisd ri gliong an ùird mhóir air an innean. Tha an gobha ri gnìomh. Tha e 'na dhuine mór, treun; agus cha bheag an neart a tha aige; agus cha bheagan a bheir smuairean air a chridhe.

Is beò duine air bheagan; ach cha bheò e gun dad idir.

Is buidhe le amadan imrich.

Cha'n eil ach móran eadar a' bhó agus a' mheanbh-chuileag.

Cha chinn barrag air cuid cait.

B'e sin an taoman na 's mò na an long.

"Thoir thusa nuas an reannag sin, agus bheir mise nuas an reannag eile," ars an duine beag ris an duine mhór.

cuileag, cuileig, cuileagan
duilleag, duilleig, duilleagan
piseag, piseig, piseagan
éibhleag, éibhleig, éibhleagan
oiteag, oiteig, oiteagan
àirneag, àirneig, àirneagan
uinneag, uinneig, uinneagan
puinneag, puinneig, puinneagan
cuinneag, cuinneig, cuinneagan
caileag, caileig, caileagan
cuiseag, cuiseig, cuiseagan
dileag, dileig, dileagan
iteag, iteig, iteagan
guileag, guileig, guileagan
seilcheag, seilcheig, seilcheagan
cuairteag, cuairteig, cuairteagan
bileag, bileig, bileagan

Seall a' phiseag; rug i air cuileig. Tha móran de chuileagan air an uinneig. Na dùin an uinneag; ach leig a steach an oiteag. Mur dùin mi an uinneag cha bhi a bhi beò againn leis na cuileagan.

Tha na cuinneagan làn a nis. Lìon mi an dà chuinneig aig caochan an fhuarain. An dean thusa an giùlan, a Mhórag? Ni. Is tu mo chaileag! Is beachd leam féin gu'm bheil iad trom gu leòr air do shon. Thoir dhòmhsa iad.

"Is toigh leis an duin' agam
Bileagan, duilleagan;
Is toigh leis an duin' agam
Puinneagan càil."

Seall na tha de ghucagan agus de chuairteagan anns an allt. Spìon na cuiseagan ud a tha fàs air a' bhruaich. Ciod è nis a tha a' cur graing ort? Ghlac mi seilcheag ghrànda 'nam làimh gun fhios domh.

Nach brèagha an eala air an lochan! Am faca tu riamh eala air iteig? Cha chuimhne leam gu 'm faca. An cuala tu riamh guileag aice? Cha chuala. Tha iad ag ràdh nach dean i guileag gus an ruig i am bàs.

Co ì a' chaileag a tha a' buain nan àirneagan? Ceit nighean Dheòrsa. An aithne dhuit i? B' aithne dhomh a h-athair gu math; ach cha 'n eil ach seòrsa aithne agam oirre féin.

Cha'n eil bradan gun a leth-bhreac.

Tha dà bhall dubh air an adaig.

Tha a smùdag féin an ceann gach fòid.

Is fèarr bréid na toll; ach is uaisle toll na tuthag.

Seachd sgadain, sàth bradain; seachd bradain, sàth ròin.

lus, lusan	pìob, pìoban
dag, dagan	bruach, bruachan
tuagh, tuaghan	bas, basan
lag, lagan	bròg, brògan
fras, frasan	slat, slatan
tonn, tonnan	glas, glasan
clach, clachan	ròs, ròsan
cas, casan	creag, creagan
preas, preasan	leac, leacan
cruach, cruachan	eas, easan
cnùth, cnùthan	cleas, cleasan
beus, beusan	cnap, cnapan
pòg, pògan	cròg, crògan
spòg, spògan	cluais, cluasan
rann, rannan	cearc, cearcan
meall, meallan	beachd, beachdan

Cuir ort do bhròġan agus théid sinn am mach tacan. Tha an fhras ann. Cha 'n eil. Tha na frasan air taobh thall an locha.

Is beachd leam féin nach bi iad fada thall. Nach b' fhèarr dhuit do chleòca thoirt leat? Tha mise dol a thoirt m' fhear-sa leam, co-dhiùbh: cha'n eil e trom ri ghiùlan.

Nach grinn na lusan a tha a' fàs air bruachan an alltain! Is grinn; ach is fèarr leam na ròsan a tha a' fàs air na preasan a tha thall fo na creagan.

Ciod è so a tha fo na leacan? Corran, agus móran de mheirg air le bhi cho fada am muigh. Is dòcha gu 'n robh e aig Seumas nuair a bha e a' buain na roide bho cheann shè mìosan.

Tha ceò air na cruachan, agus tha na h-easan ri fuaim. Tha na still cho geal ris a' ghruth. Tha na h-uillt a' cur thairis cheana. Tha an tuil os cionn a' bhalla-dhìon. An saoil thu gu'n seas an tigh fiodha? Gu dearbh, cha seas. Sud air falbh e 'na spealgan!

Na leig Guanag am measg nan tunnagan; beir air chluasan oirre. Tha na cearcan a' dol fo dhìon, cha' n fhada gus am bi an dìle an so. Is glioca iad na sinne: b' fhèarr dhuinn féin na buinn a thoirt oirnn.

Ciod è is ciall do 'n stiall ud de chlachan a tha air slios na beinne? Sin sgrìodan. Cha robh iad an sud an uair a bha mise an so roimhe. Is fìor sin. Ach latha no dhà an déidh dhuit falbh thug maoim-sléibhe a nuas iad; agus sin agad iad?

Cia meud rann a tha anns an òran sin? Tha sè rannan deug ann. Is òran fada sin. B' fhèairrde thu deoch an déidh sin. Anns na seann làithean cha bhiodh iad 'ga mheas fada.

clais, claisean	ceist, ceistean
glùn, glùinean	sùil, sùilean
cìr, cìrean	tìr, tìrean
frìth, frìthean	mìr, mìrean
cìs, cìsean	duais, duaisean
prìs, prìsean	dùil, dùilean
sàil, sàiltean	gille, gillean
bile, bilean	caile, cailean
speir, speirean	seiche, seichean
léigh, léighean	dòigh, dòighean
gnùis, gnùisean	sràid, sràidean
sgoil, sgoilean	tigh, tighean
baile, bailtean	mìle, mìltean
buaile, buailtean	tuil, tuiltean
smuain, smuaintean	rùn, rùintean

Cuir a' cheist so air na gillean: Cia lìon mìle a tha am muillean. Tha mìle de mhìltean ann. Is ceart sin. Cia lìon mìle a tha eadar dà cheann a' bhaile? Tha cóig.

Am bheil tighean a' bhaile àrd? Tha, cuid diubh. Tha móran sluaigh air dol do na bailtean o cheann greis. Agus tha móran a' dol do thìrean céine. Tha na cìsean air fàs trom, agus prìsean air dol an àird. Bha mi air sràidean a' bhaile mhóir an dé; ach b'fhèarr leam a bhi anns na frìthean.

Am bheil na sgoilean ùra na 's fèarr na na seann sgoilean? O, tha, air iomadh dòigh. Tha iad na 's motha agus na 's glaine. Tha solus agus blàths annta.

Fosgail do shùilean agus seall am mach. Ciamar a tha an t-sìd? Tha an t-uisge ann. Tha gruaim air na speuran. Tha na sruthan bras. Tha na claisean làn, agus gach lagan is àrdan bog, fliuch.

sonas, sonais	donas, donais
comas, comais	sanas, sanais
annas, annais	amas, amais
dòchas, dòchais	sòlas, sòlais
dòlas, dòlais	acras, acrais
dìorras, dìorrais	eòlas, eòlais
luathas, luathais	tachras, tachrais
tomhas, tomhais	dorus, doruis
solus, soluis	follus, folluis
gliocas, gliocais	cosdas, cosdais
tachas, tachais	seanchas, seanchais
dùthchas, dùthchais	ceartas, ceartais
cìocras, cìocrais	turus, turuis
urras, urrais	earras, earrais

Is trom na tubaistean air na slibistean.

Ma tha an long briste, cha'n eil a' chreag slàn.

Thig a steach agus dùin an dorus. Cha'n eil sin 'nam chomas. Chuir Peigi an crann air. Tha an donas innte. Thig gliocas dhith mar is sine dh' fhàsas i. Tha mi an dòchas gu 'n tig: cha 'n eil i gun fheum aice air.

Bha an seann duine ri seanchas an raoir. Ciod uime bha e a' seanchas? Bha e a' seanchas mu luathas nan reannagan anns an speur. C' àite an d' fhuair e eòlas air sin? Is dòcha gu 'n do rinn e an tomhas an uair ud a bha e air thurus air am feadh! Tha sin a' toirt ort a bhi tachas do chinn.

An d' fhuair Cailean ceartas anns a' chùirt an dé? Cha d' fhuair; ach fhuair e dlighe. Nach ionann ceartas agus dlighe? Cha 'n ionann idir.

Na seas thusa 'nam sholus. Leig leam teachd am follus. An tusa a tha ann, a Sheumais? Is mi. Thàinig thu air turus fada. Bha e fada gu leòr. Cha 'n fhaod e bhi nach eil an t-acras ort. Suidh a steach do 'n bhòrd agus gabh greim bìdh.

Ma's beag mo chas, cha mhò mo chuaran.

Mar is àirde théid an calman, is ann is dòcha an t-seabhag breith air.

binneas, binneis	cinneas, cinneis
càirdeas, càirdeis	déineas, déineis
deireas, deireis	dìmeas, dìmeis
soirbheas, soirbheis	doirbheas, doirbheis
saibhreas, saibhreis	daibhreas, daibhreis
ciùineas, ciùineis	buaireas, buaireis
naimhdeas, naimhdeis	tinneas, tinneis
aiteas, aiteis	faileas, faileis
maitheas, maitheis	leigheas, leigheis
pailteas, pailteis	ruideas, ruideis
uaigneas, uaigneis	sgailleas, sgailleis
sgeigeas, sgeigeis	suairceas, suairceis

Eisd ri binneas nan eun. Tha aiteas orra air fad. Tha na h-uain ri ruideas air feadh na lèanaig. Cha 'n eil dìth bìdh orra: tha an saibhreas anns an fheur a tha mu'n cuairt orra. Tha iad gun naimhdeas d'a chéile. Tha pailteas ann daibh uile.

Tha cinneas mór ann a nis, an déidh nam frasan ud. Tha blàths anns a' ghréin. Tha maitheas nàduir fo ar sùilean air gach taobh. Seadh; agus far nach faic sinn e, mar an ceudna. Tha saibhreas anns an loch. Tha an soirbheas ciùin. An téid sinn am mach air? Ma's àill leibh. B' e an gliocas biadh a thoirt leinn.

Tha pailteas saibhreis aig an t-seann duine. Tha saibhreas air uairean a' breith buaireis agus naimhdeis. B' fhèarr daibhreas gun bhuaireas na saibhreas agus dòlas.

Ciod è an seòrsa tinneis a tha air Móraig? An gabh e leigheas? Tha mi an dòchas gu 'n gabh. Is caileag chaomh, bhlàth i nach eil a coimeas anns an sgìre.

Seall Anna bheag thall aig taobh an fhuarain. Ciod è a tha i ris? Tha a h-aire air a faileas féin anns an uisge. Ma tà, chì i gnùis àilleig ann.

Beul a labhras, gnìomh a dhearbhas.

Tha sinne mar a dh' fhaodas sinn; agus cha'n eil an righ mar bu mhath leis.

Thig dànadas gu droch oilean.

Is treun fear an eòlais.

Ma thuiteas clach leis a' ghleann, is anns a' chàrn a stadas i.

Mar a thuiteas a' chraobh, is ann a laigheas i.

Na toir breith a réir coltais.

Is le duine an greim a shluigeas e; ach cha leis an greim a chagnas e.

Theid an t-eòlas thar a' chàirdeis.

bodach,	bodaich,	
gruagach,	gruagaich,	gruagaichean
boglach,	boglaich,	
beathach,	beathaich,	beathaichean
aodach,	aodaich,	aodaichean
driamlach,	driamlaich,	driamlaichean
prasach,	prasaich,	prasaichean
mullach,	mullaich,	mullaichean
uallach,	uallaich,	uallaichean
gnothuch,	gnothuich,	gnothuichean
cladach,	cladaich,	cladaichean
balach,	balaich,	
bealach,	bealaich,	bealaichean
bonnach,	bonnaich,	
bruthach,	bruthaich,	bruthaichean
dùdach,	dùdaich,	dùdaichean
brogach,	brogaich,	
peacach,	peacaich,	
manach,	manaich,	
gealach,	gealaich,	gealaichean
sionnach,	sionnaich,	

Tha a' ghealach a nis os cionn mullach na beinne. Tha solus air na bruthaichean. Am bheil i làn? Cha'n eil. Tha i anns an rath-dhorcha.

Mire ri cuilean, cha sguir gus an sgal e.
Far am bi cearcan bidh gràcan.

Théid sinn troimh 'n bhealach ud, agus sìos ri taobh na boglaich, far an robh tigh nam manach anns na linntean a bh'ann.

Tha balach an sud a' dol chun a' bhàta agus ultach trom aige 'ga ghiùlan. An saoil thu gu'm bheil driamlach aige? Cha'n eil. Tha na balaich eile a' toirt leò driamlaichean.

Có a sheinn an dùdach? Sheinn am brogach. Is ait am peacach e. Có a tha falbh ri thaobh? A' ghruagach bhàn. Is grinn an t-aodach a tha oirre.

Abair ris a' bhodach coirce a chur anns a phrasaich do'n t-searrach. Is còir dhuinn bhi math do na beathaichean balbha a tha fo ar cùram. Is beathach balbh am ballachan so: thoir dha bonnach.

Tha mi a' meas gu'n robh sionnach ris na cearcan an raoir. Is coltach gu'n robh. Chaidh e gu seòlta m'a ghnothuch. Bidh daoine a' dol mu 'n gnothuichean féin air a' cheart dòigh còrr uair. Is fìor dhuit sin. Is miosa na sionnaich dhaonnda na na sionnaich ruadha.

Cha bhi luathas agus grinneas.

Am fear is fèarr a chuireas, is e is mò a bhuaineas.

coileach,	coilich	gaisgeach,	gaisgich
cléireach,	cléirich	sgitheach,	sgithich
seileach,	seilich	stairsneach,	stairsnich
misneach,	misnich	duilleach,	duillich
piseach,	pisich	Frangach,	Frangaich

soitheach,	soithich,	soithichean
broilleach,	broillich,	broillichean
isneach,	isnich,	isnichean
lùireach,	lùirich,	lùirichean
séiseach,	séisich,	séisichean
toiseach,	toisich,	toisichean
seisreach,	seisrich,	seisrichean
tòiseach,	tòisich,	tòisichean
tuineach,	tuinich,	tuinichean
cailleach,	caillich,	cailleachan

Sud an coileach Frangach agus a chearcan mu'n cuairt air. Nach e a tha colgach, smachdach a réir coltais! Co leis iad? Le cléireach na sgìre. An aithne dhuit mac a' chléirich? Is aithne; agus b' aithne dhomh a' chailleach chòir, a bu mhuime dha.

Théid sinn am màireach gu tigh na caillich. Am bheil fios agad c' àite 'm bheil e? Cha'n fhaca mi riamh e; ach tha craobh-sheilich aig an dàrna ceann agus crann-giuthais aig a' cheann eile. Rach thusa a steach: cha téid mise thar na stairsnich.

Tha goirteas 'nam bhroilleach. Bha e ann bho thoiseach an latha. Dh' fhás e na's miosa bho na thòisich sinn ar turus. Sìn thu féin tacan air an t-séiseach gus an tig mise air m' ais.

Tha Iain Mac-an-tòisich aig toiseach na luinge. Glac misneach agus rach 'na chòir. Cha téid; tha an soitheach fada bho thìr, agus tha an fhairge gu math molach. Is léir dhomh nach gaisgeach thusa air chor 'sam bith.

Is e an ceann gòrach a ni na casan luaineach.
Is fèarr a bhi cinnteach na bhi caillteach.
Cha robh sgeulach nach robh breugach.
Na reic 's na ceannaich a' chòir.
Is trom an t-uallach an aois.
Cha robh breugach nach robh bradach.
Cha chòir do 'n chiontach a bhi reachdach.
Is math am modh a bhi sàmhach.
Is aobhach duine an taice ri chuid.
Treubhach am muigh agus meadhrach a stigh.
Cha robh molach nach robh sona.
Gabh an latha math 'na thoiseach.
Euchdach am muigh agus bréineach a stigh.
Cha'n eil deathach an tigh na h-uiseig.
Cha dean cridhe misgeach breug.

pòs,	pòsadh,	pòsaidh
sgrìob,	sgrìobadh,	sgrìobaidh
seòl,	seòladh,	seòlaidh
crath,	crathadh,	crathaidh
sruth,	sruthadh,	sruthaidh
mol,	moladh,	molaidh
gèarr,	gearradh,	gearraidh
achadh,	achaidh,	dachaidh
toll,	tolladh,	tollaidh
sgrìobh,	sgrìobhadh,	sgrìobhaidh
glac,	glacadh,	glacaidh
bàth,	bàthadh,	bàthaidh
trus,	trusadh,	trusaidh,
fàs,	fàsadh,	fàsaidh
geall,	gealladh,	geallaidh
càrn,	càrnadh,	càrnaidh
las,	lasadh,	lasaidh
lìon,	lìonadh,	lìonaidh
glas,	glasadh,	glasaidh
croch,	crochadh,	crochaidh
gabh,	gabhadh,	gabhaidh
dearbh,	dearbhadh,	dearbhaidh
pathadh	pathaidh	

Is fèarr sgur na sgàineadh.

Is iomadh té bhios cearbach aig a' bhaile, thèid gu rìomhach gu féill.

Bha banais anns a' ghleann an dé. Có iad a bha pòsadh? Bha Eachann Dubh agus Sìne Nic Phàil. Am bu chomasach Eachann air ainm féin a sgrìobhadh? Cha robh sin 'na chomas; agus b' fheudar dha crois a chur roimhe. Cha d' fhuair Eachann sgoil an làithean òige; ach coma-co-dhiùbh, tha e 'na dhuine geurchuiseach.

An do sgrìobh thu litir chun Peigi a' ghreusaich? Cha do sgrìobh; ach sgrìobhaidh mi litir chuice am màireach. Tha litir sgrìobhte agam chum Sheumais.

Tha an latha glasadh. Ceana tha sibh a' dol leis a' bhàta? Bheir sinn leis na ràmhan i am mach gu ruig an sgeir ruaidh, agus bhuaithe sin seòlaidh sinn gu taobh thall na linne. Tha e a' lìonadh: cha bhi an sruth leibh; agus cha bhi sibh air bhur n-ais gus an tòisich e air tràghadh. Thoiribh an aire dhuibh féin, a ghillean, tha sibh a' dol far an do bhàthadh na fir òga 'san Earrach.

Ciod è a tha an crochadh ris a' chraoibh so? Geug bhriste: gèarr sìos i. Bha neach eile 'ga gearradh cheana, agus is e sin a thug oirre gu'n do bhris i. Ma ghearras mi i, am faod mi a toirt dachaidh? O, faodaidh tu sin.

figh,	figheadh,	fighidh
cìr,	cìreadh,	cìridh
bris,	briseadh,	brisidh
mill,	milleadh,	millidh
nigh,	nigheadh,	nighidh
tuit,	tuiteadh,	tuitidh
tilg,	tilgeadh,	tilgidh
dinn,	dinneadh,	dinnidh
dùisg,	dùisgeadh,	dùisgidh
sìn,	sìneadh,	sìnidh
ith,	itheadh,	ithidh
till,	tilleadh,	tillidh
bi,	bitheadh,	bithidh
teich,	teicheadh,	teichidh
séid,	séideadh,	séididh
snaim,	snaimeadh,	snaimidh
cuir,	cuireadh,	cuiridh
sgaoil,	sgaoileadh,	sgaoilidh
tig,	tigeadh,	thig
fill,	filleadh,	fillidh
cinn,	cinneadh,	cinnidh

Ciod è a tha thu a' figheadh an sin, a Dhonnachaidh? Tha, breacan. Có dhà a tha e? Do Dheòrsa Mac Ailein a tha air teachd chun na dùthcha á Sasunn. Am bheil e a' brath am féileadh beag a chur suas? Is dòcha gu'm bheil.

Cuir ort do bhròg an dìonach agus théid sinn do'n mhonadh. Cuiridh. Ach feumaidh mi mi féin a ghlanadh mu'n téid mi mach. Dùisg thusa an cù a tha 'na shìneadh aig taobh an teine. Cha'n fhada bhios e gun dùsgadh nuair chluinneas e an dorus 'ga fhosgladh.

Tilg connadh air an teine. Tilgidh. Thoir séideadh beag dha leis na builg. Na séid tuilleadh is fada e, airneo millidh tu e.

Greas ort; no tuitidh an dorcha mu'm faigh sinn am mach. Tuiteadh e: cha dean e mùthadh 'sam bith Bithidh sinn am mach fad na h-oidhche. Cha bhi tilleadh ann gu briseadh na fàire.

Na 'n éireadh a' ghrian, sgaoileadh an ceò, agus bhitheadh fios againn air c' àite 'm bheil sinn. Na 'n tigeadh an luchd-seilg eile, cha bhitheadh tusa agus mise cho neo-shunndach.

An nì nach gabh nigheadh, cha ghabh e fàsgadh.

Bàthaidh uisge teth teine.

Bàthaidh toll beag long mhór.

Tuigidh an cù a chionta.

Tuigidh na bailbh a chéile.

Cha chumadh an rìgh snaoisean ris a' ghaoith.

Amaisidh an dall a bheul.

leasaich,	leasachadh,	leasaichte
luchdaich,	luchdachadh,	luchdaichte
gealaich,	gealachadh,	gealaichte
lorgaich,	lorgachadh,	lorgaichte
blàthaich,	blàthachadh,	blàthaichte
brosnaich,	brosnachadh,	brosnaichte
buannaich,	buannachadh,	buannaichte
bogaich,	bogachadh,	bogaichte
tiormaich,	tiormachadh,	tiormaichte
neartaich,	neartachadh,	neartaichte
luathaich,	luathachadh,	luathaichte
àraich,	àrachadh,	àraichte
neadaich,	neadachadh,	neadaichte
sealbhaich	sealbhachadh,	sealbhaichte
lomraich,	lomrachadh,	lomraichte
sònruich,	sònruchadh,	sònruichte
cruadhaich,	cruadhachadh,	cruadhaichte
fuaraich,	fuarachadh,	fuaraichte
sàraich,	sàrachadh,	sàraichte
sgeadaich,	sgeadachadh,	sgeadaichte

Luathaich do cheum agus théid sinn do'n allt far an robh na gillean òga ag iasgach an dé. Dh' iasgaich iad an t-allt ré tri uairean. An robh iad riaraichte leis na fhuair iad de bhric? O, bhà ; gu sònruichte Cailean : is esan is mò a bhuannaich. Shanntaich càch a chuid : ghlac e gealag ghrinn.

Nach luath a dh' fhuaraich a' ghaoth? Mhothaich mi sin. Ach ni i blàthachadh mu'n tig crìoch air an latha. Is math a thiormaich a' ghaoth agus a' ghrian am feur. Bithidh e làn chaoinichte am màireach ma mhaireas an turadh—ni a tha glé choltach.

Seall mar a tha bàta Eoghain air a luchdachadh. Is math gu'm bheil an latha ciùin. Tha i luchdaichte tuilleadh is trom, gu dearbh. Is beachd leamsa gu 'n grunnaich i a' teachd a steach gu port mu'n ruig i tìr.

Tha an uchdach 'gad shàrachadh, mo ghille beag. Leigidh sinn ar sgìos car tacain. Tha a' ghaoth a nis air lasachadh. Nuair ruigeas sinn an seann tùr cuiridh sinn an àird a' bhratach a rithis. Tha i àrdaichte cheana. Có a rinn a h-àrdachadh? Cuid de na balaich is dòcha. Sud agad na h-ìnghneagan 'gar lorgachadh suas am bruthach. Nach i Peigi Chaluim a tha sgeadaichte gu rìomhach?

Is tric a bheothaich srad bheag teine mór.

Cha 'n iad na ro-chléirich is fèarr.

Is cuagach ceartas an eucoirich.

Is leasg an leisgean dol a laighe; agus is seachd leisge leis éirigh.

builich,	buileachadh,	builichte
sgìthich,	sgìtheachadh,	sgìthichte
ainmich,	ainmeachadh,	ainmichte
tòisich,	tòiseachadh,	tòisichte
misnich,	misneachadh,	misnichte
imrich,	imreachadh,	imrichte
cuimhnich,	cuimhneachadh,	cuimhnichte
coisich,	coiseachd,	coisichte
aithnich,	aithneachadh,	aithnichte
beairtich,	beairteachadh,	beairtichte
ìslich,	isleachadh,	ìslichte
aidich,	aideachadh,	aidichte
smaoinich,	smaoineachadh,	smaoinichte
coitich,	coiteachadh,	coitichte
ciùinich,	ciùineachadh,	ciùinichte
tuinich,	tuineachadh,	tuinichte

An d' aithnich thu Calum an uair a choinnich thu an dé e ? Cha robh mi 'ga aithneachadh car greis, ach mu dheireadh dh' aithnich mi gu'm b'fhear-dàimh a bh'ann, ged nach robh e 'nam chomas ainmeachadh. Bu neònach sin, agus thu cho eòlach air mu 'n d' imrich e as a' ghleann.

Is iomadh fear a chuir gàradh mu lios nach d' thug a thoradh as.

Is sàmhach an obair dol a dholaidh.

Cha'n fhuirich muir ri uallach.

Eirich air do chasan, agus litrich an t-ainm a bheir mi dhuit. "Seumas": litrich am facal sin. S - h - a - m - e - s. Cha dean sin an gnothuch. Smaoinich a rithis air; agus cuimhnich nach i a' Bheurla Shasunnach a tha agad. Is beachd leam nach ruig mo chomas air; is nàr leam aideachadh. Is e mo leisgeul nach d'fhuair mi ionnsachadh. Gheibh thu ionnsachadh a nis; agus gabh ris.

Lùb mi an gàd so an dé agus feumaidh mi a thoirt do'n chèardaich dh' fheuch an dean an gobha dìreach e. Beairtich an t-each agus bithidh mi a' falbh air mo thurus. Tha an t-each beairtichte cheana.

Có tha tuineachadh 'sa Choire ghorm? Teaghlach de Chlann-an-tòisich. Tha bratach air ceann an tighe aca. An ann mar shanas a chuir iad an àird e? Is ann, tha mi a meas. Tha an lòn-maidne gu bhi deas, tha mi a' smaoineachadh, agus is ann mar shanas do na daoine a dhol dachaidh as a bhlàr-mhòna a dh' àrdaich iad a' bhratach. Tha thu ceart: sud thall na daoine a' coiseachd chun an tighe.

Cha 'n fhiosrach mur feòraich.

Gleidheadh an t-sionnaich air na caoraich.

Cha robh coille riamh gun chrìonaich no lìnn gun ubh-gluig.

feasgar,	feasgair	dubhar,	dubhair
astar,	astair	aonar,	aonair
cagar,	cagair	cabar,	cabair
galar,	galair	bruadar,	bruadair
gadhar,	gadhair,	cobhar,	cobhair
ladhar,	ladhair	ladar,	ladair
amar,	amair	aobhar,	aobhair
copar,	copair	feòdar,	feòdair
gabhar,	gabhair	màdar,	màdair

Ciod è an galar a tha air a' ghadhar? Tha cobhar mu bhus. An saoil thu gu'm bheil an cuthach air? O, cha'n eil. Cha'n eil aobhar teichidh ann.

Tha do chòta mór an crochadh air a' chabar ud os cionn an doruis. An e copar a tha anns na cneapan a tha air? Cha 'n e, ach feòdar, tha mi a' meas.

Cagar, a Chailein; bha mi a' bruadar an raoir gu'n robh thu 'nad aonar, astar mór air falbh an àite glé uaigneach, agus gu'n robh dubhar an fheasgair air tuiteam. Bha amar mór làn de brochan fa do chomhair agus ladar d'a réir 'nad làimh. Nuair a bha thu a' tumadh an ladair mhóir anns a' bhrochan, thug e leis thu thar bile an amair. B'e an sealladh mu dheireadh a fhuair mi dhiot: do shàiltean a' dol fodha anns a' bhrochan.

Le sin dhùisg mi le briosgadh, agus bha am fallus a' brùchdadh tromham. Saoil am bheil brìgh aige? Brìgh, an e? Tha daonnan brìgh anns a' bhrochan! Is e brìgh do bhruadair gu'n robh an t-acras ort!

òigear,	òigeir,	òigearan
muillear,	muilleir,	muillearan
croitear,	croiteir,	croitearan
tàillear,	tàilleir,	tàillearan
cairtear,	cairteir,	cairtearan
cuairtear,	cuairteir,	cuairtearan
màidsear,	màidseir,	màidsearan
saighdear,	saighdeir,	saighdearan
peilear,	peileir,	peilearan
cluipear,	cluipeir,	cluipearan
misgear,	misgeir,	misgearan
ceistear,	ceisteir,	ceistearan
taibhsear,	taibhseir,	taibhsearan
fìdhlear,	fìdhleir.	fìdhlearan
coinnlear,	coinnleir,	coinnlearan
cuilbhear,	cuilbheir,	cuilbhearan
sgoilear,	sgoileir,	sgoilearan
pòitear,	pòiteir,	pòitearan
àilear,	àileir,	àilearan

Cha bu chòir do òigear a bhi 'na mhisgear. Caillidh na pòitearan an slàinte an ceann ùine. Bha an cairtear agus an tàillear air mhisg an dé.

Is ionghnadh leam féin nach robh am fìdhlear agus an greusaich còmhla riu. Bha am fìdhlear a' cluich agus an tàillear a' dannsadh. "Uair air mhisg agus uair air uisg'," ars an seanfhacal.

Saoil am bheil taibhsearan ann anns an linn so? Tha an ceistear ag ràdh nach eil agus nach robh riamh—gu'm bu chluipearan air fad iadsan a bha gabhail orra bhi 'nan taibhsearan. Bha an cuairtear an so an dé, agus tha esan ag ràdh gu'm b' aithne dha féin taibhsear: agus is sgoilear agus seann saighdear an cuairtear còir.

Chuir am màidsear fùdar agus peilear anns an t-sean chuilbhear. Sheas e 'san àilear agus loisg e air sionnach a bha sèapadh air falbh aig cùl a' ghàraidh. Cha d' amais e air an sionnach a thilgeadh; ach thug e clisgeadh air na buailtearan. Bha sgaoimear as a' bhaile mhór a' còmhradh riu aig an àm, agus cha mhór nach deach e am breislich.

Cuir an tuagh air an t-samhaich cheirt.

Ge fad an duan ruigear a cheann.

Is bràthair do 'n amadan an t-amhlair.

Tha e cho bodhar ri cloich.

Clachan beaga dol an ìochdar is clachan móra dol an uachdar.

seanair, seanairean	amhlair, amhlairean
cealgair, cealgairean	breugair, breugairean
dorsair, dorsairean	clàrsair, clàrsairean
teangair, teangairean	faclair, faclairean
clachair, clachairean	dannsair, dannsairean
reultair, reultairean	reubair, reubairean
lorgair, lorgairean	balgair, balgairean
famhair, famhairean	triallair, triallairean
iasgair, iasgairean	brocair, brocairean
gealtair, gealtairean	speuclair, speuclairean
pìobair, pìobairean	morair, morairean
ùghdair, ùghdairean	gobair, gobairean
sgrùdair, sgrùdairean	sealgair, sealgairean

An cuala tu am Morair a' cur dheth an raoir? Chuala. Is teangair cliste e. "Gobair," bu chòir dhuit a ràdh. Tha e briathrach gu leòr. Ar leam féin gu'n do shluig e faclair. Is beachd le cuid gu'm bheil a' mhòr-chuid de na teangairean a tha dol air feadh na dùthcha aig àm an Taghaidh mhóir, 'nam breugairean agus 'nan cealgairean, agus nach bu chòir creideas a thoirt daibh. Cha'n eil fios agamsa. Ach faodar a ràdh nach ruigear leas làn earbsa a chur annta.

Tha an uaisle mar a chumar i.
Cluinnidh am bodhar fuaim an airgid.
Cha ghabhar greim air uisge no air teine.

Có bu dorsair aig a' choinne? Am brocair. Có bu phìobair? Bha triùir phìobairean ann: an clachair, an sealgair agus an cìobair. Nach robh clàrsair ann idir; no ban-chlàrsair? Cha robh: chuir a' phiob mhór as do 'n chlàrsaich; agus bu mhór am beud e, oir chaidh guth-sheinn sìos leatha. Ach nach eil seinn leis a' ghuth a' togail a cinn a rithis? Tha i sin. B' fhèarr leamsa cluas a thoirt do dheagh sheinneadair na do'n fhear chluich is fèarr a chuala mi riamh.

Có bha riaghladh na coinne? Có ach fear an speuclair, ùghdair leabhrain ùir mu na reannagan. Có bha an taice ris? Bha an t-amhlair ud am mac is sine aig an iasgair, agus Deòrsa, ogha mo sheanar. Am bheil do sheanair beò? Tha, agus 'na shlàinte; agus bha e an làthair aig a' choinne. Thàinig e dhachaidh cho gnù ri famhair aig meud na chual e de bhòilich.

trocair	machair	fochair	làthair
bagair	tabhair	freagair	iomair
fògair	tagair	docair	socair
deacair	acair	seasgair	obair
saothair	abair	anshocair	saltair
cathair	altair	labhair	liubhair

athair, athar; màthair, màthar; bràthair, bràthar

Tha tigh seasgair agaibh, a chàirdean. Tha sin againn. Gabh air do shocair; thig an làthair agus innis domh do sgeul. So cathair; dean suidhe. Is deacair dhomh sin, agus cabhag mhór orm.

An do fhreagair thu litir do mhàthar? Cha do fhreagair. Am bheil do mhàthair 'na slàinte? Tha. Tha i an ceartair air a' mhachair Ghallda. Am bheil do bhràthair air falbh maille rithe? Cha'n eil. Tha e aig an tigh còmhla ri athair agus bràthair-athar. Có tha ri fearas-tighe? Nighean mo bhràthar.

C' àite 'm bheil na fir? Sud am fochair nan tighean iad. Iomair buille no dhà agus théid sinn gu tìr far am bheil iad. Glaodh riu. Cha do fhreagair iad do ghlaodh.

Is docair ri dhìreadh an casan cas so a rinn iad chun a' chladaich. Is docair da-rìreadh. Cha bu bheag an t-saothair a bha aca mu'n d' fhuair iad crìoch a thoirt air. Rinn iad deagh obair co-dhiùbh. Bu chòir do na h-iasgairean eile bhi buidheach dhiùbh. Tha iad sin. Ach bhagair am maor peanas orra a chionn iad a bhi dol faisg air a' choille.

Cha 'n è na chosnar a ni saibhir ach na chaomhnar.

mórail	banail	tràthail	tùrail
draghail	beothail	ceanail	cianail
beachdail	smachdail	measail	modhail
sùrdail	caomhail	flathail	lathail
bliadhnail	togail	leagail	sgreadail
fàgail	cumail	gabhail	earail

Có tha cumail an tighe so? Duine measail, is e mo bharail. Is tu féin a tha 'ga ràdh, Dhùghaill. Thàinig thu car tràthail anns a' bhliadhna. Có a bha fàgail an tighe nuair a bha mi teachd mu cheud slait bho'n dorus—duine àrd, flathail, smachdail? B'e sud maor na luinge a tha anns a' chala an ceartair—Griogair, mac Mór na Cruaiche. Tha e air dol sìos chun na luinge.

Is cuimhne leam féin nuair a bha e 'na bhalachan casruisgte, ceannruisgte. Is e mo bharail féin gu'm bu chòir do Mhóir a bhi mór as a mac. Tha e caomhail dith féin, agus ceanail is modhail ris gach neach. Tha e 'na dhuine sùrdail, beachdail, tùrail. Nach bu dual da sin? Ma 's fìor Clann Ghriogair, is rìoghail an dream. Sin na tha iad a' cumail am mach co-dhiùbh.

Cha'n fhaodar a' bhó a reic agus a bainne òl. Bidh meas air math nuair a chaillear e.

Chaochail athair nuair a bha e 'na ghille òg; dh' fhalbh e air luing nuair a ràinig e ceithir-bliadhn-deug; ach tha e a ghnàth a' toirt sgrìob chun nan crìochan so mu thoiseach na bliadhna. Am bheil luchd-dàimh eile aige ach a mhàthair? Tha piuthar aige — òigh bhanail, bheusach, bhòidheach, nach eil a coimeas anns an sgìre.

bàigheil	sìtheil	prìseil	ainmeil
foilleil	coibhneil	stoirmeil	nàimhdeil
oillteil	spéiseil	sgairteil	seirceil
dòigheil	gaisgeil	sgoinneil	taingeil
slàinteil	foiseil	sgaoimeil	spraiceil
tàireil	cùiseil	struidheil	suimeil
leigeil	meigeil	spaideil	spreigeil
spailpeil	seirmeil	bìgeil	sgeigeil

An cluinn thu a' ghogail agus a' bhìgeil a tha shìos mu'n bhàthaich? Saoil an e croman no seabhag a bha ris na h-iseanan? Is e mo bharail gur e an dara h-aon diubh a bh' ann. Feuch an coileach: nach e a tha spaideil, spraiceil, spailpeil! Am bheil ann a tha cho gaisgeil coltas ri coileach dùnain? Ar leam nach eil: tha e ainmeil am measg eòin a' chruinne.

Is iomadh urchair a tha dol 'san fhraoch.
Is math an ealag a' chlach gus an ruigear i.

Cha mhór nach eil a' chearc féin cho cùiseil, sgairteil ri a céile an uair a bhios iseanan fo a cùram. Tha i bàigheil mu a h-àl; agus théid i gu dòigheil mu sholar lòin daibh. Is taingeil mise nach d' fhuair an croman a h-aon de na h-eòin bheaga.

bàrdachd	sgeulachd	beannachd
buannachd	calldachd	cleasachd
cumhachd	fiosachd	dùrachd
mallachd	gleusdachd	mórachd
naomhachd	ùmhlachd	rìoghachd
barrachd	blasdachd	dearbhachd
fialachd	ràmhachd	stuamachd

Có i a' bhàrdachd is annsa leat? Is annsa leam féin bàrdachd Iain Mhic Lachlainn, bàrd Rath-thuaighe. Tha i milis agus drùighteach. An do rinn am bàrd sgeulachd idir? Cha do rinn. Bha móran de na bàird, agus b' ann a' cleasachd ri facail agus fuaim a mhàin a bha iad. Ged a bha gleusdachd 'nan obair, cha robh mórachd no cumhachd innte. Cha b' ann mar sin a bha bàrdachd Iain. Tha facail fhuaimneach agus binneas innte; ach a bharrachd air sin drùighidh i air duine ciallach 'sam bith.

Am fear a ni obair 'na thràth, bidh e 'na leth-thàmh.

Ged nach saoilear le cuid e, tha deagh bhàrdachd 'na bhuannachd do shluagh na rìoghachd, a chionn gu'm bheil i a' cumail beò nam feartan daonnda is àirde, agus dùrachd do nithean dùthchasach.

Is cagal leam nach eil bàird an latha 'n diugh ag amas air a' bhlasdachd a bha anns an t-sean bhàrdachd. Is e ranntachd a bu chòir a thoirt mar ainm air a' mhór-chuid de 'n bhàrdachd ùir. Tha an ginealach a tha ann gun chomas air coimeas cothromach a dhèanamh eadar bàrdachd is ranntachd. Agus tha iadsan a tha a' gabhail orra treòrachadh an t-sluaigh, gu tric gun eòlas agus gun déidh air.

Ach mo bheannachd air na bàird, agus barrachd cumhachd dhaibh. Mur b' e dìlseachd nam bàrd, cha bu bheò an diugh ar cànain aosda féin—a' Ghàidhlig bhinn, bhlasda, cànain seann rìghrean, maithean is mithean nan Gaidheal.

coiseachd	cuideachd	dìlseachd
oighreachd	doirbheachd	imeachd
éisdeachd	càileachd	claisteachd
coirbeachd	déineachd	faicheachd
fàisneachd	faoineachd	féitheachd
réiteachd	ruigheachd	sgaoilteachd
silteachd	cràidhteachd	duaichneachd
ìnnleachd	caismeachd	clisbeachd
faighneachd	réidheachd	sgèimheachd

Cia lìon duine a tha anns a' chuideachd? Naonar. Cia as a thug iad a' choiseachd? Thug as na casan! Is ait thu, Alasdair. Thàinig iad bho chùl na beinne. Agus c' àite 'm bheil iad ag imeachd? Cha'n eil iad a' dol astar fada. Is ann ri faicheachd a tha iad a nis. O, dìreach.

Bha iad a' seinn còmhla am feadh a bha iad air an turus a nall an so—am fad 's a bha mise 'san éisdeachd, co-dhiùbh. Ciod è bha iad a' seinn? Is e Caismeachd Chloinn Chamshroin a bha aca.

An cuala tu dad mu 'n ìnnleachd nuaidh a tha aig Dùghall an Lagain? Cha chuala mi sìon. Ciod è a tha innte. Tha cuid de 'n bheachd gur e buidseachd a tha innte; ach is faoineachd sin. Bha mi féin a' faighneachd dheth ciod e a bha innte, agus dh' innis e dhomh gur e beart-itealaich a tha aige. Ma ta, bha e 'san fhàisneachd gu'm biodh ceannas aig an duine air cumhachdan an adhar; agus air m' fhacal tha coltas air gu'n tig i fìor.

Cha'n eil 'san oighreachd cho ìnnleachdach ri Dùghall an Lagain, no duine de a dhéineachd a' toirt umhail do ghnothuichean de 'n t-seòrsa ud.

romhainn	maduinn	tromhainn	againn
asainn	annainn	feadhainn	feuchainn
Samhainn	roghainn	sleamhainn	gealltainn
sealltainn	tarsainn	Albainn	deuchainn
bochduinn	seachainn	fantainn	leantainn
umainn	anainn	bleoghainn	cantainn
urrainn	àluinn	faotainn	Caluinn

B'ann mu Shamhainn a bha e, agus bha sinn a' feuchainn ri dol tarsainn air an loch; ach bha an eigh cho sleamhainn is nach b' urrainn sinn, ach gann, ar casan a chumail. Bha feadhainn romhainn, agus cha robh iad a' sealltainn le aire ceana bha iad a' dol. Is e bha ann gu'n deach iad troimh an eigh, agus fhuair iad tumadh nach di-chuimhnich iad an gradaig.

Bha sinne 'gan leantainn aig astar, agus an uair a thug sinne fainear na thachair, agus gu'n d'fhuair iad as fuar, fliuch, ach slàn gun dochann a b'fhiach luadh air, sheachainn sinn an t-àite ud.

Ceangail teann agus faigh tèaruinte.

B' fhèarr cumail am muigh na cur am mach.

Am fear a bhios modhail, bidh e modhail ris na h-uile duine.

B'ann air Loch Laomainn a thachair sin. Nach e sin an loch is motha an Albainn? 'S è. Is e mo roghainn de lochan na dùthcha e. Is àluinn da-rìreadh e; ach tha cho àluinn ris ann. Theagamh gu'm bheil; ach cha'n eil iad r'am faotainn air a' Ghalldachd no an Sasunn. Nach eil lochan ainmeil a thaobh àilneachd an Eirinn? Tha; gu sònruichte Loch Léin, a tha air ainmeachadh gu minig an saothair nam bàrd.

fìrinn	birlinn	inntinn	bruidhinn
buidhinn	cinntinn	coisinn	deimhinn
déistinn	faicinn	cluinntinn	éibhinn
righinn	peighinn	ifrinn	saoilsinn
tighinn	toilltinn	tréigsinn	éiginn
stàilinn	eislinn	ruigsinn	faighinn
tuigsinn	léirsinn	creidsinn	laigsinn

An robh thu aig a' choinne mhóir an raoir? Bha; agus chuala mi móran de bruidhinn. Cha 'n eil mi cinnteach gur i an fhìrinn a bha aca uile gu léir. An robh thusa 'gan cluinntinn? O, bha; agus, gu deimhinn, ma bha mi 'gan tuigsinn gu ceart, cha robh an fhìrinn aca idir.

Is fèarr am bonnach beag leis a' bheannachd na am bonnach mór leis a' mhallachd.

B' éiginn dòmhsa falbh mu'n d' thàinig crìoch air a' choinne. Tha mi a' saoilsinn nach do bhuidhinn an luchd-labhairt móran cliù dhaibh féin anns an àite so. Ma tà, cha'n eil iad a' toilltinn cliù air chor 'sam bith. Beannachd Chaluim ghobha leo : Mo thogair gar an till.

Is ann aca a tha na teangannan righinn agus na h-inntinnean carach. Tha mi 'gad làn chreidsinn. Dh' fhalbh iad leis a' bhirlinn anns a' mhaduinn. An ann á Eirinn no á Sasunn a thàinig iad ? A Sasunn is dòcha leam. Is iomadh olc agus math a thàinig á Sasunn.

Cha tugainn peighinn air am barail air aobhar an fhearainn. B' éibhinn mar a chuir Iain Croitear an cùl cumhainn iad nuair thòisich iad air bruidhinn mu bhochdainn nan tighearnan fearainn. Tha iomadh ceum bochdainn eadar bochdainn an rìgh agus bochdainn an tràill. Na'm faighinn mo roghainn, is i bochdainn an rìgh a thaghainn roimh bhochdainn eile.

gluasad	geurad	lughad	maolad
giorrad	snàthad	annad	umad
romhad	asad	fodhad	tromhad
blasad	ionad	tomad	siuthad
liuthad	seachad	donad	miosad

uiread	tainead	truimead	caoilead
daoiread	saoiread	fichead	saighead
deisead	glainead	teircead	gilead
amaid	caraid	casaid	clogaid
dìollaid	drochaid	fanaid	faghaid
òraid	iomlaid	Sàbaid	sabaid
sluasaid	trombaid	tuasaid	mionaid

Cuir umad agus theid sinn am mach. C' àite 'n tèid sinn? Sìos chun na drochaid, seachad air an eaglais. Is mithich a bhi gluasad. An toir sinn na h-eich leinn, a charaid? Tha mi coma. Cuir srian agus dìollaid air na h-eich, Eachainn.

An robh thu riamh air muin an eich sin? Bha, fichead uair. Is beachd leam féin gu'm bheil e a' dol an tainead.

An do lean thu riamh an fhaghaid leis? Lean, iomadh uair. Tha sinn a nis aig an drochaid. Chaidh mi thairis oirre a liuthad uair is gu'n amaisinn oirre dall.

An dean sinn iomlaid each? Bu mhath leam an t-each agadsa fheuchainn. Tha mi toileach. Ach cuimhnich gur e each meanmnach a bhios a' gluasad fodhad; agus mur cum thu fo smachd e bho 'n cheud mhionaid a gheibh thu 'san dìollaid, is i an tuasaid a bhios eadaraibh fad an rathaid.

rachamaid	itheamaid
briseamaid	leanamaid
faigheamaid	leigeamaid
bitheamaid	cuireamaid
thugamaid	tèarnamaid
cumamaid	fuiricheamaid
coisicheamaid	freagramaid
dèanamaid	iarramaid
trusamaid	creideamaid
marcaicheamaid	éisdeamaid
fuasglamaid	cladhaicheamaid
togamaid	buaileamaid
leagamaid	buaineamaid
cùnntamaid	teannaicheamaid
ionnsuicheamaid	molamaid
labhramaid	éiricheamaid
suidheamaid	sgeadaicheamaid

Rachamaid còmhla do 'n tobar a thoirt dachaidh an fhìor-uisge. Fuiricheamaid am fasgadh an tuim so gus an téid an fhras seachad. Tèarnamaid gu srath a chum is gu 'm faigheamaid am mach anns a' bhàta, feasgar.

Cuireamaid am mach an crodh, agus leigeamaid ris an raon iad. Na fàgamaid an sliabh gu anmoch is gu 'n tugamaid dachaidh an crodh. Eisdeamaid ri geum nam bó, agus iad a' freagairt nan laogh.

Cùnntamaid na caoraich, agus leigeamaid ris a' bheinn iad. Trusamaid na h-uain, agus cuireamaid 'san fhaing iad. Cumamaid ar ceum a' dol is gu'm bitheamaid dachaidh tràth. Deanamaid air ar socair a nis.

Buaineamaid am feur gorm agus thoireamaid do'n ghamhainn e. Fuasglamaid an toiseach e, agus leigeamaid am mach e. Suidheamaid tacan a nis. Tòisicheamaid air gabhail òran, agus, air dhuinn bhi sgìth dheth sin thugamaid greis air sgeulachd.

Leagamaid am balla so gu làr agus dèanamaid fail muice leis na clachan. Cladhaicheamaid clais agus leagamaid stéidh dhith an taice ri balla-cùil a' bhàthaich.

Cuir ort do bhoineid. Cuir dhìot do bhròg an. Eirich, agus cuir umad ; tha a' ghrian air éirigh. Cuir as a' choinneal, agus bi falbh a laighe. Cuir seachad do leabhar. Cuir air falbh an sgian sin. Na cuir dragh air. Cha 'n eil mise a' cur dragh air neach. Tha Eóghan a cur sìl. Cia mar a tha an t-sìd ? Tha e a' cur 's a' cathadh. Na cuir dàil anns a' ghnothuch. Cuir stad air a' chuibhill. Na cuir an suarachas na dh' innis mi dhuit. An do chuir iad Alasdair chun na coinne ? Fhuair e cuireadh an dé.

Có a chuir thusa an so? Tha an cù agus an cat a' cur am mach air a chéile. Cuir an céill da do chùis-ghearain. Cuir am bàta air laighe-chuige. Cuir fios chun t' athar gu'm bheil thu a' brath leabhar a chur am mach. Is fheudar fios a chur air an léigh: tha an leanabh tinn. Tha mi a' cur an amharus do naidheachd. Cha bu mhath leamsa bhi cur 'na aghaidh. Có bha cur air Eachann beag: tha e a' caoineadh gu goirt?

Cuir car dhomh leis a' chorra-shùgain, is gu'n dèanamaid sìoman. Chaidh car agus cuir a chur de 'n roth, agus leig iad leis a' bhruthach e. Chaidh car-a'-mhuiltein de 'n bhalach leis a' bhruaich; ach cha d' éirich beud da. Tha trì chuir chneap mu mhuineal na maighdinn.

Cha 'n cil anns an duine ud ach duine leasg: cha d' rinn e car o chionn mìos ged a tha a ghart a' dol an dolaidh. An car a théid 'san t-seana mhaide, is ainmig leis dìreachadh. Tha car eile an ruighle a' bhodaich. Feuch nach toir am fear ud an car asad. Thug marsanta na màileid an car asam. An sgian a fhuair mi bhuaidhe, cha robh innte ach stuth nam poitean. Ach ni mise "car an aghaidh cuir" air, an ath uair a thig e 'nam ghaoith.

Cha téid mi do 'n doire leat mur a toir thu dhomh do sgian. Tha mo sgian féin maol; ach tha do sgian-sa geur. Na 'n geuraicheadh tu mo sgian-sa bhitheadh i cho geur ris an sgithinn agad féin. Leig fhaicinn domh cas do sgìne, agus ìnnsidh mi dhuit ma ghabhas i faobhar cho math ri mo sgithinn-sa.

So an cù mór agus an cuilean beag. Tha an cù dubh glé sgìth. Tha e 'na laighe air an ùrlar agus a shròn eadar a dhà spòig, agus a shùilean dùinte. Thoir biadh do 'n chù. Cuir do làmh mu amhaich a' choin. Thug na coin ri bruthach orra. Caisg iad agus gairm air ais iad. Tha na coin a' tabhann. Tha mi a' cluinntinn tabhann chon. Tha dà chù a' tabhannaich.

Is cearta coma leam có is rìgh: is ìochdaran mise. Am fear nach ionnsaich gu ceart, cha dèan e ach mi-cheart. Agus, aír a' cheart dòigh, am fear nach cluinn ceart, cha fhreagair e ach mi-cheart. Bha e a chearta cho math leam mo bhàthadh is a bhi 'nam thràill aig umpaidh. A chearta cho luath is a bheir iad dòmhsa ceartas, bheir mise ceartas dhoibh. Am fear nach dean ceartas rium, cha 'n eil còir aige air bhi sealltainn ri ceartas bhuam. 'S e an ceartas is mò tha 'ga ghnàthachadh 'san linn so, "ceartas na cléire ri chéile."

Tha am fear ud a' ruamhar a ghàraidh: is duine gleusda e. Ciamar tha sibh, a dhuine chòir; tha mi toilichte bhur faicinn. Cha'n eil duine ri fhaicinn air ghluasad 'sa bhaile so an diugh fathast: cha 'n eil a' mhaduinn ach moch.

Tha na daoine ud a' togail ris a' bhruthach; bithidh iad a' dol do'n bhlàr-mhòna: tha coltas math air an latha. Tha duine air an iomaire ud shìos, agus tha daoine a' dol sìos far am bheil e. Cia meud duine a tha anns a' bhàta? Tha triùir dhaoine innte.

Thàinig na fir a bha air falbh aig an iasgach dachaidh an raoir. Dh' fheumainn fear a chuireas thairis leis a' bhata mi an diugh. Cha'n e fear ach fir a dh' fheumas tu. Chi mi gu'm bheil fear-a'-bhaile am mach air an achadh le chuid dhaoine, agus tha iad uile trang ag obair. Tha fir a' bhaile so 'sa chladach a' gearradh feamann a dh' fheamannadh an fhearainn.

Fheara, fheara 's a dhaoine! Nach fiadhaich an t-sìd so! Is truagh leam na daoine bochda aig nach eil aodach blàth a chumail air falbh an fhuachd. Tha 'ga chaitheamh air rìomhadh is usgraichean na chumadh aodach blàth ri bochd-an na dùthcha, ged bhiodh iad deich uairean na's lìonmhoire na tha iad.

Gabh do bhrochan, a Choinnich, air neo gabhaidh do mhàthair ort. An do ghabh an teine fathast? Cha do ghabh: tha an connadh fliuch. Na gabh ort gu'm fac thu Tormod a' dol seachad. Gabh chun na h-aibhne agus thoir làn cuinneig aisde. Am bu mhath leat sgeul beag mu Cholla Ciotach a chluinntinn? Bu ro math leam sin. Gabh air t' aghaidh ma tà. Gabh mo leisgeul: cha'n fhaod mi fuireach. Shìne, a ghràidh, an gabh thu òran?

Cha ghabhar greim air uisge no air teine. Gabhaidh biadh na cnò roinn. Gabhaidh fear na sròine móire a h-uile rud g'a ionnsuidh féin.

Sud agad Padruig a' teachd a nall; gabhaidh sin naidheachd dheth. An gabh a' phoit tuilleadh uisge? Cha ghabh; cha mhór nach eil i a' cur thairis cheana. Ghabh Neacal òg Mac Sheumais Bhàin 'san arm an dé. Tha athair a' gabhail air a bhi coma; ach tha a mhàthair 'ga ghabhail gu h-olc. Ghabh an gille beag eagal roimh an tarbh agus theich e cho luath ris a' ghaoith. Am bheil an t-iasg a' gabhail an diugh? Ghabhadh iad na's fèarr na'n tigeadh fras. Gabhaidh gach sruth a dh ionnsuidh na h-aibhne, 's gach abhainn do'n chuan. Gabhaidh an connadh fliuch, ach cha ghabh a' chlach,

Tha boineid air do cheann. Cuir do làmh air mullach do chinn. Tha am fainne gun cheann; ach tha dà cheann air an iomaire. Is math an connadh an calltuinn, ach b' fhèairrd e mòine 'na cheann, agus mhaireadh an teine na b' fhaide. Ciod è a thàinig 'nan cinn sud, an uair a dh'fhalbh iad dachaidh cho tràth 'san latha. Bhuail e 'nam cheann gu'm falbhainn a dh' iasgach. Chaidh an t-eun ud seachad os cionn mo chinn. Is olc an ceann gu neach a bhi suidhe air an talamh fhliuch.

"Nuair a thig mo réis gu ceann,
Agus feasgar fann mo lò."

Cuir uisge an ceann a' bhainne, agus caisgidh e do phathadh na 's fèarr. Tha a' chaora ud ceannfhionn. Thàinig a réis gu ceann: chaochail an duine bochd. Tha saighdearan air an fhaiche ud shìos agus oifigeach air an ceann. Fhuair na caoraich a chaidh a lomadh an ceann nan caorach molach, agus tha an cìobair 'gan tearbadh. Cha'n eil m' fharmad ris an neach a tha an nochd air muir, aig ceann buill ri a leithid de oidhche. Fhuair mi mo cheann leis a' bhruthach. Chaidh mi an comhair mo chinn 'san abhainn. Ceann cnòdain, ceann sgadain, is ceann goibhre air a dhroch fheannadh—trì cinn nach fhiach itheadh. Is gnàth-fhocal fìor sin.

Thoir dhomh do làmh, a charaid chaoimh. Tha làmh mhath aig an fhear ud air an t-saorsainneachd. Dean greim cruaidh le do làmhan air an ròpa so, agus tàirnidh sinn am bàta air tìr air a port. Na biodh làmh idir agad an cluip no an ceilg. Fhuair e fios uime sud uile roimh-làimh. Beir air làimh air an leanabh mu 'n tuit e. Na làimhsich an t-olc. Bhris làmh na cuinneig. Thug e dhìth a làmh 's a ghealladh.

Cum do chas air siubhal: tha an t-anmoch a' tighinn. Tha ceithir casan air a' chat; ach cha'n eil air a' chirc ach dà chois. Seall mar a sheasas an t-each air a chasan deiridh, agus a dhà chois-thoisich a suas ris a' ghàradh. Tha an gille a' dol air astar fada; thoir biadh dhà, agus cuir biadh 'na chois. Tha am fear ud ag iomain bó roimhe air an rathad mhór, agus tha laogh 'na cois.

Tha an t-àm agadsa a bhi a bhàrr do chas; oir feumaidh tu a bhi air do chois gu math moch am màireach. Tha bile uaine de 'n t-seilisdear a' fàs ri cois na tuinne. Có a chuir cas anns an t-sluasaid? Dh' fhalbh iad air an astar cas ri calpa, cia air bith mar a thilleas iad. Na'm biodh comas mo chas agam, rachainn tacan gu do shealltainn.

Cuir an acfhuinn air an each. Cuir taod an ceann an eich. Tha an gille air falbh a shireadh nan each. Cuir sguab am prasach an eich. Tha an gille a' tighinn leis na h-eich, agus e a' marcachd air each. Tha am fear ud a' cur an greim nan each. Cuir thusa srian an ceann t' eich féin.

Thoir am mach an t-srian. Cum do làmh air an t-sréin. Na leig as an t-srian. Chaidh an t-srian so a bhriseadh. Có a bha a' càradh na sréine. Tha each air sréin aig an fhear ud. Tha an t-each a' cagnadh a shréine. Teannaich crios-sròine na sréine.

Na buail an cù. Cha robh e ri cron 'sam bith. Buail an clag a chum agus gu'm fosgail iad an dorus. Buail sguab agus thoir a chònlach do'n ghamhainn. Ciamar a bhuaileas mi sguab, agus gun sùiste agam? Có a bha a' bualadh anns an t-sabhull an raoir? Tha na tonnan a' bualadh agus a' toirt fuaim ris a' charraig. Tha e air bualadh 'nam inntinn gu'm bheil an t-sìd a' brath caochladh. Buail an t-iarann fhad 's a tha e teth. Buail do chuilean, agus 's ann chugad a ruitheas e. Buille 'san t-sùil, buille 'sa ghlùn, buille 'san uilinn, na trì buillean is duilghe fhulang.

Na bris an t-slat. Faigh tuagh agus bris connadh. Tha am bàta so briste. Na leum leis a' chreig sin, a chionn dh' fhaodadh tu do chnàmhan a bhriseadh. Tha briseadh a' tighinn air na neòil: ni e latha math an diugh fathast. Tha an t-àm gu'n robh an coirce a stigh againn, mu'm bris air an t-sìd. Feumaidh sinn a bhi air ar cois aig briseadh an latha am màireach. Tha briseadh na fàire ann cheana: tha mi a' cluinntinn nan eun a' seinn.

Bhris mi bàrr na sgìne a' fosgladh na h-eisire. Feumaidh mi fraochan ùr a chur air bàrr mo bhròig. Chuir an tarbh car de 'n ruc le bàrr adhairc. Tha talamh math gu bàrr anns an dùthaich so am bliadhna, ma gheibh sinn sìd fhreagarach g'a chruinneachadh. Feumaidh sinn an gàradh-droma a thogail na 's àirde a dhìon a' bharra. Nach math an dannsair an gille òg ud! Cha'n fhaca mi air ùrlar na bheireadh bàrr air. Tha e barraichte air an dannsadh, gun teagamh.

Is e fìor dhuin'-uasal a tha an sud: thug e dhòmhsa barrachd mhór is a gheall e. Thug an duine ud bàrr air na chunnaic mi riamh a' tilgeadh cloich-neirt. Agus, a bharrachd air sin uile, bha e a' tilgeadh na cloiche móire mar nach bitheadh aige ach spitheag. Tha

barrach nan craobh a' lùbadh fo 'n driùchd 'sa mhaduinn mhoich. Air bhur slàinte o bhalla gu balla, agus air ar barrachd eòlais! Tha an long ud fo làn a h-aodaich gu barran a slat agus a croinn.

Tha'n latha 'n diugh blàth; agus bithidh e na's blàithe fathast. Is blàth an cridhe a tha 'na chom. Is blàth anail na màthar d'a sliochd féin; agus cha ghruamaich i mu thobhartas. Tha blàthas an daimhealais aig gach àl ri an gnè féin. Tha blàthas is bruthainne 'sa ghleann ged nach eil a' ghrian r'a faicinn. Tha gach craobh agus lus fo am blàth. Ma tha e air a bhiadhadh, cha 'n eil mòran de a bhlàth air. Cha d' thug e an aire air a' ghnothuch agus tha nis a bhlàth 'sa bhuil.

Tha an latha 'n diugh teth. Bha teas mór ann an dé; ach tha e na 's teotha an diugh. Tha iad sud air theas leis a' phailteas: ach dh' fhaodteadh gu'm faigh iad fuarachadh. Thoir t' iarann gu dian theas mu 'm buail thu buille air a dh' atharrachadh a chumaidh. Bùrn teth do'n fhaochaig is goil gu leth do 'n fheusgan. Is teotha fuil na bùrn. Teothaidh feòil ri fine ged nach deòin le duine.

Is mór am fearann agus am fonn a tha aig an duine. Tha fonn agus fairge air an liodairt agus air an sgiùrsadh an gailbheas nan sìontan. Cha'n eil an diugh air uachdar an fhuinn neach is fèarr leam na è mar choimhearsnach. Am bheil fonn math air muinntir a' bhaile so an diugh? Tha m' inntinn trom agus cha'n eil fonn air m' aire: tha luchd mo chaidreimh fada bhuam. Tha mi an diugh gun fhonn, ged b' fhonnmhor an raoir sinn. Sheinn am fear ud òran air fonn "Coire-cheathaich." Is fonnmhor, ceòlmhor an gille òg a tha bualadh 'san t-sabhull.

Gleus a' phìob agus thoir dhuinn port. Chaidh na fir ud air ghleus gu math moch: tha iad a' falbh air thurus. Thug an aois mo ghleus dhiom; agus is e a bhi gun ghleus a bhi gun togradh. Cha 'n e miann an fhir ghleusda a bhi 'na thàmh. Is gleusda a fhuaradh thu, agus is math an gnìomh a rinn thu. "Eagal driùchd, bha mùdan craicinn a' cumail fasgaidh air a gleusan." Sin mar a sheinn Donnachadh Bàn nan òran m'a ghunna féin. Am bheil do ghunna-sa air dheagh ghleus? Bu mhath leam latha a chur seachad anns an fhrìth.

Thig a steach agus cuir an crann air an dorus. Am bheil thu cinnteach gu'n do chrann thu an dorus? Thoir leat na h-eich gus an achadh, agus cuir 'sa chrann iad. Tha crann-giuthais no dhà anns a' choille, a tha mu cheud troigh air àirde. Dheanadh iad croinn do luing mhóir. Cia meud crann a tha an luing a' chaiptein? Tha trì. Ainmich iad. An crann-toisich; an crann-meadhoin; agus an crann-deiridh. Am bheil crann eile oirre? Tha; crann-uisge.

An urrainn duit crann air bith a bharrachd orra sin ainmeachadh? Is urrainn. Ainmich e. An crann-adhair. Ciod e sin? Seachd reannagan àraidh a tha an speur na h-àirde tuath. An cuala tu riamh iomradh air a' chrann-tàra? Chuala, iomadh uair. Ciod è bha ann? Sanas a thional fir-feachd anns an t-sean aimsir. Ciod ris a tha na daoine? Tha iad ri crannchur; cha'n eil a h-aon aca toileach a shnàmh gus a' bhàta a chum a toirt a steach gu port; agus tha iad a' tilgeadh croinn.

An robh thu ag iasgach? An d' fhuair thu iasg? Tha iasgan beaga a' snàmh anns an lón so. Tha móran de choltas éisg mu'n chladach an tràth-sa. Tha an t-iasg a' cluich anns a' chaol. Tha na h-eòin an déidh an éisg. Tha

iasg aig an fheadhainn ud a' tighinn dachaidh Bha iad am mach leis a' bhàta ag iasgach. Cia meud iasg a fhuair am balach a bha ag iasgach air a' charraig ? Fhuair e cóig iasgan. Is iasgair math e. Am bheil slat-iasgaich agad-sa ? Tha ; cheannaich m' athair slat domh. An e sud t' athair a' glanadh an éisg ? Cuir thusa salann air an iasg.

Tha an t-àm againn gluasad ; tha an t-astar fada. Dh' fhalbh iad sud air ceann an astair. Tha an long ud a' dol fo a h-astar, agus fo làn a h-aodaich. Tha am baile mór fada bhuainn ; astar cóig làithean ; agus cha bheag an t-astar sin. Cha 'n fhairich fear, agus a thoil-inntinn roimhe, sgìos an astair. Astraicheamaid uile mu 'm beir an t-anmoch 'sa gharbhlaich oirnn. Is astarach am fiadh, agus e ag éisdeachd comhartaich nan con.

Cia meud duine a tha a stigh ? Ceathrar dhaoine. Thàinig a h-aon diubh am mach, agus dh' fhàg sud triùir a stigh. Bha cóignear am muigh roimhe, agus tha nis ann sèanar. Rachadh dithis dhiùbhsan a tha am muigh, a steach, agus bithidh cóignear a stigh agus ceathrar am muigh. Thigeadh ceathrar dhiùbhsan a tha nis a stigh am mach, agus bithidh ochdnar am muigh agus

aonar a stigh. Ma théid thusa 'nan cuideachd-san tha am muigh, bithidh naonar ann ; agus ma thig an t-aonar a tha a stigh am mach, bithidh deichnear am muigh, is gun ghin idir a stigh.

Cha 'n e na leughar a ni fòghluimte ach na chuimhnichear.

Beiridh am beag tric air a' mhór ainmig.

Théid an t-anfhann dìcheallach thar an làidir leasg.

Théid barail an duine ghlic faisg do 'n fhìrinn.

Is fèarr deireadh cuirme na toiseach tuasaid.

B' fhèarr gun tòiseachadh na sgur gun chrìochnachadh.

PB
1525
M252

MacFarlane, Malcolm
An comh-threoraiche

PLEASE DO NOT REMOVE
CARDS OR SLIPS FROM THIS POCKET

UNIVERSITY OF TORONTO LIBRARY

